



A bheil eòlas agad air a' Ghàidhlig agus a bheil ùidh agad a bhith ag obair ann am foghlam?

Am bu toigh leat a bhith ag obair do Fhastache Tuarastal Bith-beò a tha air clàradh le Gealltanais Gnothachas na h-Alba, a tha na bhall gnìomhach de Sheòmar Malairt Shiorrachd Àir agus a tha air liosta fhada de dhuaisean gnìomhachais a chosnadh?

Tha cothrom brosnachail aig ar neach-dèiligidh, an Companaidh EdTech, airson **Gnìomhaiche Taic Gnothachais** a tha tàlantach, dìoghrasach agus miannach air adhartas. An dèidh Duais Gnothachais Didseatach na h-Alba airson Foghlam agus Trèanadh a bhuannachadh o chionn ghoirid ann an 2018, tha iad ag obair leis an roghainn **as fheàrr** sa gnìomhachas, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, Riaghaltas na Cuimrigh agus còrr air 2000 sgoil air feadh na Rìoghachd Aonaichte. Tha an neach-dèiligidh seo aig tùs roinn gnothachais EdTech.

Is e àrd-ùrlar stèidhichte air an eadar-lìon prìomh thoradh a' ghnothachais, a' libhrigeadh stòrasan litearrachd is cànanain aig ìre chruinneil a tha air an deilbh a dh'aon ghnòthaich airson conaltradh le luchd-ionnsachaidh, taic a thoirt do dh'oidean foghlaim agus com-pàrteachadh le pàrantan.

Mar an tagraiche barrail, **bidh Gàidhlig agad**, le fad-eòlas air rianachd, sùil gheur air mionaideachd, tuigse do chudromachd seirbheis frithealaidh luchd-cleachdaidh! Bidh comas conaltraidh soilleir labhairteach agus sgrìobhte aig an tagraiche fhreagarrach san dà chuid Beurla agus Gàidhlig. Tha cead-dràibhidh na RA ion-mhiannaichte ach chan eil e deatamach.

Bhiodh e fìor bhuannachdail nam biodh eòlas agad taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim mar rianaire, cuidiche sgoilearan no a leithid sin. A thuilleadh air an sin, tha sgilean libhrigidh sàr-mhath deatamach ann an co-obrachadh le luchd-dèiligidh oir bidh tu a' com-pàrteachadh le custamairean is com-pàirtichean luachmhor. Cuiridh tu taic ri sgiobaidhean àrd-stiùiridh, susbaint agus teicneòlais agus bidh dleastanas ort airson a bhith a' làimhseachadh cheistean luchd-dèiligidh, clàr trèanaidh luchd-dèiligidh, stiùireadh oifis ann an iomlanachd a' gabhail a-steach stiùireadh làitheil air an deasg-cobhair is conaltradh le solaraidhean agus ag obrachadh tro chùisean gèillidh.

Le bhith a' tabhann an fhìor thuarastal bith-beò de **£17,550 sa bhliadhna**, tha an dreuchd seo maireannach, **làn-thìde** agus stèidhichte ann an Cill Mheàrnaig. Tha an oifis againn stèidhichte ann an Cill Mheàrnaig ann an oifis a tha glè nuadh-aimsireil, air a ruith le Comhairle Siorrachadh Inbhir Àir an Ear, agus a tha glè ghoireasach don stèisean trèana agus còmhdhail poblach eile. Tha an dreuchd cuideachd a' tarraing chothroman obrach sùbailte a' gabhail a-steach obair bhon taigh, poileasaidh cùram-slàinte làidir agus 28 latha de làithean-saora pàighte.

Ma tha coltas cothrom brosnachail air an seo, feuch gun cuir thu fios thugainn sa bhad. Tha sinn a' feitheamh ri cluinntinn bhuat!